

NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB | LIFE ANDWORK

AIREAMH 3 | 2016 | AM MART

Facal Toisich

Tha sinn a' cumail na Nollaig air an aon latha a h-uile bliadhna, air a' chòigeamh latha fichead den Dùbhlachd. Ach chan eil a' Chàisg air latha suidhichte gach bliadhna. Tha ceann-latha na Càisge ag atharrachadh o bhliadhna gu bliadhna. Faodaidh Dihaoine na Càisge a bhith ann cho tràth ris an darna latha fichead den Mhàrt no cho fada ris a' chòigeamh latha fichead den Ghiblean. Canaidh cuid gum biodh e na b'fheàrr a' Chàisg a bhith againn air an aon latha a h-uile bliadhna. Tha ceannardan eaglaisean a' coimhead air a' cheist anns na làithean seo. Anns a' cheàrnaidh seo den dùthaich a-nis tha saor-làithean na Càisge aig na sgoiltean air a' cheud dà sheachdain den Ghiblean, ged a bhios Dihaoine agus Diluain na Càisge aca dheth cuideachd ma tha a' Chàisg a' tighinn an taobh a-muigh den chealla-deug sin.

Bidh sinn a' cleachdadh fhaclan gun a bhith a' smaoinichadh air dè a tha iad a' ciallachadh. Tha fios againn gu bheil Càisg anns an t-Seann Tiomnadh agus gu bheil fèill na Càisge mar chuimhneachan air mar a shaor Dia clann Israeil o bhraighdeanas na h-Eipheit. Chleachd na Gàidheil an dearbh fhacal, Càisg, airson na thachair co-cheangailte ri bàs agus aiseirigh an Tighearna Iosa Crìosd.

Tha e coltach gur ann on fhacal Eabhraidheach air an fhèill seo a tha am facal Gàidhlig a' tighinn. Tha ceanglaichean eadar Càisg an t-Seann Tiomnaidh agus Càisg an Tiomnaidh Nuaidh.

Chan e an ceann-latha a tha cudthromach, ach a bhith a' tuigsinn brìgh agus ciall na Càisge. Tha sinn a' cuimhneachadh air a' mhìos seo as-ùr gu bheil *Crìosd ar n-uan Càisge air iobradh air ar son*.

**Beannachdan na Càisge gu robh agaibh uile,
Ruairidh MacLeòid.**



Tharraing Tormod MacLeòid an dealbh seo de dh'eaglais Liaboist ann an Gallaibh as t-samhradh an-uiridh. Tha an eaglais seo ann an sgìre Latharain agus tha mansa na sgìre ann an Liabost. Thogadh an eaglais ann an 1836, agus bha a' cheud mhinistear a bha a' saothreachadh innte, Seumas Noble, an dèidh sin 'na mhinistear ann an Eaglais Ghàidhlig Dhùn Eideann.

Cùil nan Ceist

Aig fèill na Càisge am measg nan lùdhach bhiodh uan air a thoirt suas mar iobairt. Air a' mhìos seo tha sinn a' cuimhneachadh gur e Iosa Uan Dhè a tha a' toirt air falbh peacadh an t-saoghail. Tha na ceisean an turas seo mu uain. Tha na freagairtean anns na caibideilean a tha sin nag ainmeachadh agus gheibhear iad cuideachd air an duilleig chùil.

1. Cò ris an tuirte Iosa, "Beathaich m' uain." (Eòin, caibideil 21.)
2. Lìon a' bheàrn seo, "Thugadh e mar uan chun a' ———." (Isaiah, caibideil 53.)
3. Dè a leum mar uain? (Salm 114.)
4. Cia meud uan boireann a chuir Abrahàm air leth on treud? (Genesis, caibideil 21.)

Dorsan Fosgailte – 1

Aon latha leugh mi review air leabhar le John Ortberg. 'S e *All the Places to Go* an t-ainm a bha air. Bha rud-eigin mu dhèidhinn a thug orm barrachd fhaighinn a-mach ma dhèidhinn.

Bha mi air a fòn ri Agnes, mo nighean, agus dh'fhaighich mi dhi an robh i air cluinntinn mu dhèidhinn an leabhair agus thubhairt i gu robh iad ga chleachdadh airson Bible Study. Chuir mi ga iarraidh an latha sin fhèin.

Tha an leabhar gu mòr mu dhèidhinn dorsan a' fosgladh nar beatha. Tron leabhar sin dh'fhosgail doras do dh'Agnes agus an teaghlach a thiginn a dh'Alba, oir chleachd Dia an leabhar am beatha mo mhic-chèile airson an obair a bha e a' dèanamh ann an Canada fhàgail agus a thiginn a dh'Alba airson tuilleadh studaidd. Cha b'ann gun iomadh deur a thachair e, oir cha robh e furasda an coitheanal far an robh e 'na mhinistear fad còig bliadhna deug fhàgail.

Dh'fhosgail iomadach doras dhaibh anns na mìosan mus do dh'fhàg iad. Bha aca ris an taigh a reic agus bha e a' cur feum air beagan a bhith air a dhèanamh ris (cò an taigh nach bitheadh le trìuir ghillean òga.)

Bha latha aca airson an taigh a chur air dòigh agus aig an aon àm bha dusan duine a-staigh a' glanadh is a' peantadh is a' lìonadh tholl. Aig deireadh an latha bha am peantadh dèante, stuth air a chur dhan dump, no dhan "fhlagais mhòir," mar a chanadh iad ann am Port Rìgh, agus an gàrradh air a sgioblachadh.

Chùm sin a' dol. Bha daoine deiseil agus deònach an cuideachadh nuair a bha am feum ag èirigh.

Chan eil mi ag ràdh gu robh a h-uile dad furasda dhaibh. Chan eil sin air a ghealltainn do dhuine againn ach tha Dia a' gealltainn a bhith còmhla rinn air gach ceum dhan t-slighe.

An-diugh tha iad ann an Alba agus tha Daibhidh a' dèanamh cùrsa Diadhachd ann an Dùn Eideann a mhaireas trì bliadhna.

Tha mi an dùil gum bi iomadach doras a' fosgladh dhaibh anns na bliadhnaichean a tha air thoiseach orra fo stiùireadh an Tighearna. Anns an t-sreath seo tha sinn a' dol a choimhead air dorsan fosgailte ann an diofar shuidheachaidhean.



Anns an Dùbhlachd chaidh an t-Oll. Urr. Ruairidh Caimbeul a phòsadh ri sgrì Thaobh an Iar Loch Fin ann an Earra Ghàidheal. Air an gabhail a-steach anns an sgrì tha Cumlodain, Thaobh Loch Fin agus Loch Geàrr, ceangailte ri Gleann Aora agus Inbhir Aora. Anns an dealbh aig eaglais Chumlodain, far an do chumadh seirbheis a' phòsaidh, chì sibh Moderàtor na clèir, an t-Oll. Urr. Coinneach Ros, an t-Oll. Urr. Ruairidh MacLeòid, an t-Oll. Urr. Ruairidh Caimbeul, a' Bhean-phòsda Sìusaidd Chaimbeul, an t-Urr. Raibeart Brookes, a thug seachad an searmon, agus an t-Urr. Crisdean Brett, an clèireach. Anns an t-seirbheis rinn an t-Oll. Ros, a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig, ùrnaigh Ghàidhlig. Leugh Ethel NicCaluim à Inbhir Aora cuibhreann de na Sgrìobtaran anns a' Ghàidhlig o 1985. Bha Ethel 'na meadhan air seirbheisean Gàidhlig a chur air chois gach mìos ann am Meadhan Earra Ghàidheal. Tha sinn a' cur mealadh-naidheachd air Coinneach Ros a fhuair urram OBE aig àm na Bliadhn' Uire airson 'obair ann a bhith a' dèanamh cheanglaichean eadar Alba agus Malawi. (An dealbh le cead on *Argyllshire Advertiser*.)

Càit a bheil Crìosd?

"Càit a bheil Crìosd a-nis? 'Air deas-làimh na mòrachd anns na h-àrdaihb' (Eabhraidhich 1:3). Tha E 'na shuidhe air a rìgh-chathair maille ri Dia ann an glòir agus tha a rìgh-chathair o linn gu linn. Tha slat rìoghail air a cur 'na làimh – agus is slat fireantachd i. Tha ola an aoibhneis air a dòrtadh air. Tha a h-uile cumhachd air nèamh agus air talamh air a thoirt dha." (An t-Urr. Raibeart M. McCheyne.)

Leabhraichean

Chaidh na ceudan de leabhraichean agus de dh'aithisgean a sgrìobhadh mu Hiort, gu h-àraidh bho chionn beagan bhliadhnaichean. Bha mi a' smaoinichadh nach gabhadh an corr a ràdh nach deachaidh a chur an clò roimhe seo. Ach tha iomadh rud ùr anns an leabhar bhrèagha seo a thàinig a-mach bho chionn beagan mhìosan agus fhuair mise, mar a gheibh na mìltean eile, tlachd air leth ann a bhith ga leughadh.

Tha an leabhar a' tòiseachadh deich mìle roimh àm breith Chrìosd agus gar toirt a-nuas a dh'ionnsaigh an latha an-diugh. Tha an dà ùghdar 'nan arceòlaichean agus chuir iad naodh mìosan seachad a' fuireach agus ag obair air Hiort agus bha iad 'nam buill de sgioba a tha air a bhith deich bliadhna a' dèanamh rannsachaidh air seann eachdraidh nan eilean iomallach iongantach seo. Mar sin 's ann le eòlas agus tuigse air a' chuspair a tha iad a' sgrìobhadh. Lorgadh dà chrois a bhuineas do àm eadar an t-ochdamh agus an deichead linn, a' dearbhadh gu bheil eachdraidh Chrìosdail an eilein a' dol air ais iomadh bliadhna.

**St. Kilda. The Last and Outmost Isle.
Angela Gannon agus Seòras Geddes
(Historic Environment Scotland. £25.)**

Tha dealbhannan mìorbhaileach anns an leabhar ùr seo. Tha feadhainn dhiùbh ann an dath, air an togail anns a' ghinealach againn fhèin. Chunnaic sinn cuid de na seann dealbhannan ann an dubh agus ann an geal ann an leabhraichean eile, ach tha iad air an toirt am follais an seo ann an dòigh a tha soilleir grinn. Tha dealbhannan ann tarsaing air dà dhuilleig, Anns na seann dealbhannan chì sinn miseanaraidhean agus maighstir-sgoile a rinn seirbheis don Eaglais agus don sgoil am measg nan Hiortach, Ann an dealbh a chaidh a tharraing ann an 1884 os cionn na h-eaglais còmhla ri buidhinn de dh'òigridh agus de dh'inbhich tha Coinneach Caimbeul a bha 'na mhaighstir-sgoile aig an àm.

Tha an saoghal bràth de dh'fhiosrachadh mionaideach anns an leabhar as ùire air Hiort. Tha a h-uile cuspair air an smaoinich sinn eadar dà chlàr an leabhair, an eaglais, luchd-turais, ceanglaichean ri eileanan eile, an t-arm, eunlaith agus ainmhidhean. Tha e air a dheagh dheasachadh le Jill Harden agus Adhamh Welfare.

Leabhran Oir nan Geallanna

Ann an 1927 chuir an t-Urr. Dòmhnall T. MacAoidh (*MacAidh Thiriodh*) leabhar beag a-mach air an t-ug e *Leabhran Oir nan Geallanna*.

Tha còig air fhichead de chaibideilean anns an leabhar agus chan eil ann o cheann gu ceann ach geallaidhean on Bhìoball. Tha na geallaidhean air an cruinneachadh fo chinn eadar-dhealaichte. Mar eisimpleir, fon tiodal *Maitheanas tre Chrìosd*, anns a' chòigeamh caibideil, tha earrainnean mar seo againn

Ach lotadh E airson ar peacaidh-ne, bhruthadh E airson ar n-aingidheachd; leageadh airsan smachdachadh ar sith, agus le a chreuchdan-san shlànaicheadh sinne. (Isaiah 53:5)


Anns an latha sin bidh tobar air fhosgladh do thaigh Dhaibhidh agus do luchd-àiteachaidh Ierusalem, airson peacaidh agus airson neo-ghlaine. (Sechariah 13:1)

Saoraidh E a shluagh fhèin om peacaidhean. (Mata 1:21)

Tren duine seo tha mathanas pheacaidhean air a shearmonachadh dhuibh. (Gnìomharan 13:38)

Fhuair am Fear-deasachaidh an leth-bhreac a tha aige-san on Urr. Donnchadh MacAsgaill, nach maireann. Agus nas inntinniche buileach, tha an làmh-sgrìobhadh 'na bhroinn ag innse cò bhuaithe a fhuair Mgr. MacAsgaill an leabhran. Sgrìobhte anns an toiseach tha na faclan seo: *Coinneach Calum MacGillemhaoil, Bearnaraidh na h-Earadh, Siorrachd Inbhir-nis, Alba. 9-9-1927.* Bha an t-Urr. Calum Mac a' Mhaoilein bliadhnanach mòra 'na mhinistear anns an Apainn. Tha cuimhne air fhathast mar shearmonaiche drùidhteach, fear aig an robh iomadh naidheachd èibhinn agus tarraingeach.

Anns na bliadhnanachan bho dh'fhoillsich MacAidh Thioradh *Leabhran Oir nan Geallanna* chan eil fios cia meud Gàidheal a chuala guth Dhè le bhith a' leughadh an leabhair seo a chaidh a chlà-bhualadh anns an Oban agus a bha air a reic air sia sgillinn ann an 1927.



Seo an sanas a chì an coigreach a thadhlas air Eaglais nam Manach Liath ann an Dùn Eideann. Tha e air fhàilteachadh anns a' Ghàidhlig agus tha iomradh air an t-seirbheis Ghàidhlig air a cumail a h-uile Didòmhnaich aig leth-uair an dèidh meadhan-latha. Tha Gàidheil agus luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig rim moladh airson adhradh a chur air dòigh nar cànan seachdain an dèidh seachdain. Tha sinn cuideachd an comain nan searmonaichean a bhios a' tighinn chun nan seirbheisean seo, agus cuideachd luchd-leughaidh agus luchd-seinn. Tha sinn an dòchas gun toir Gàidheil a bhios a' tadhal air Glaschu agus Dùn Eideann cùl-taic do na seirbheisean a tha air an cumail ann an eaglais Chaluim Chille agus ann an eaglais nam Manach Liath.

Gàidhlig Shìmplidh



Ceann-teagaisg airson na mìos seo: "Carson, a Dhè, a thilg Thu uat sinn gu bràth?" Tha sin againn anns a'

cheathramh salm deug thar an trì fichead, aig a' cheud rann. (Salm 74:1) Bha an salmadair a' smaoinichadh gun do chuir Dia cùl ris. Ach nuair a leughas sinn an salm air fad chì sinn gu bheil e fhathast a' creidsinn ann an cumhachd Dhè. Bha na naimhdean a' dèanamh sgrios. Ach bha an salmadair a' creidsinn gu bheil Dia a' riaghladh. Tha e a' sgrìobhadh anns an darna rann deug, "Is e Dia mo rìgh o chian". Anns na sailm tha na faireachaidhean againn a bhios ann an cridhe h-uile duine.



Tha ministear ùr againn anns an sgrì againne. Thàinig e roimh àm na Nollaig. Mar sin fhuair e cothrom eòlas a chur

air an t-sluagh aig seirbheisean Nollaig. Bidh a dhòighean fhèin aig gach ministear. Bidh dòigh searmonachaidh air leth aig gach ministear. Bidh a dhòigh fhèin aige air obair a' choitheanail a dhèanamh. Ach ged a bhios ministearan a' tighinn agus a' falbh chan eil atharrachadh a' tighinn air an t-Soisgeul a tha iad a' searmonachadh. 'S e a tha ann "deagh sgeul a' mhòr-aoibhneis". Tha an creideamh, an dòchas agus an gràdh a tha againn anns a' Bhìoball a' seasamh bliadhna an dèidh bliadhna.



Seanfhacal airson na mìos seo: "Ceò foghair, sneachd earraich". (Autumn fog, spring snow.) Chan eil mi

cinnteach dè a tha am facal seo a' ciallachadh. Chan eil Alasdair MacNeacail ann an leabhar mòr nan seanfhacal ga mhineachadh. Ann e comharradh math a bha ann ceò a bhith ann as t'fhoghar agus sneachd anns a' gheamhradh? No, a bheil e a' ciallachadh gur e droch chomharradh a bha ann? Nam biodh làithean ceòthach ann anns an fhoghar agus sneachd anns a' gheamhradh, bha e ag innse dè an seòrsa aimsir ris am biodh dùil agad. Bhiodh ar sinnsirean a' gabhail beachd air comharraidhean na side.



Nuair a chaidh mi a-mach anns a' mhadainn an-diugh dh'fhairich mi fuachd. Cha robh gaith ann.

Ach choimhead mi air mullach nam beann. Bha iad air an còmhdach le sneachd. Sin a dh'fhàg an t-adhar cho fuar. Cha d'fhuair sinn mòran sneachd ann an Earra Ghàidheal air a' gheamhradh a chaidh seachad. Ach 's dòcha gun tig sneachd fhathast. Tha am Bìoball ag innse dhuinn gu bheil Dia comasach air ar peacaidhean a dhèanamh "geal mar an sneachd". Chan eil rud cho geal ri sneachd. Chan eil rud ann cho cinnteach ri mathanas Dhè ann an Iosa Crìosd.

AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU.
Fòn: 01499500 629 Post-dealain: mail@revroddy.co.uk

Thall 's a-Bhos

RANN

*O, seinneamaid cliù don Tì fhuair bàs,
Don Tì fhuair bàs togt' suas air crann;
Dòchas nam bochd, nì cuid air tàir,
Ach cuiridh sinn ar muinghinn ann.*

Air a' mhìos seo tha an Eaglais air feadh an t-saoghail a' cumail cuimhne air bàs agus aiseirigh Chrìosd. Seo a' cheud rann anns an laoidh aig Tòmas Kelly, *We sing the praise of Him who died*, anns a bheil e ag innse mu na beannachdan a tha againn a chionn gun d'fhuair bàs air ar son. 'S e ministear Eireannach a bha anns an ùghdar agus rinn e obair mhòr am measg nam bochd nuair a rinn gaiseadh anns a' bhuntàta milleadh am measg a cho luchd-dùthcha. Sgrìobh e mòran laoidhean. 'S e "Ruairidh Mac Ghille Mhoire" a dh'eadar-theangaich an laoidh – saoilidh sinn gur e sin am ministear a bha bliadhnachan mòra ann an Steòrnabhagh.

SEIRBHEISEAN

Tha sinn fo fhiachan do Ràdio nan Gàidheal airson a bhith ag innse dhuinn gach seachdain mu na seirbheisean Gàidhlig a tha gan cumail air Ghàidhealtachd agus air Ghalldachd. Tha cuid de na seirbheisean sin air an cumail a h-uile seachdain agus feadhainn eile uair anns a' mhìos.

FUASGLADH NAN CEIST

Chuir sinn ceistean oirbh mu uain anns a' Bhìoball. Seo a-nis na freagairtean. 1. Peadar. 2.— chasgraidh." 3. Na cnuic. Seachd.

BLIADHNA SHONRAICHTE

Seo mar a sgrìobh an t-Urr. Calum Mac an Rothaich mun Urr. Dòmhnall Màrtainn a bha ann an Steòrnabhagh: "Ann am mìos October 1886 thòisich ath-leasachadh spioradail 'na choitheanal fhèin ann an Steòrnabhagh a bha 'na adhbhar iongantais agus toileachais do shluagh an Tighearna. Mìos an dèidh mìos chruinnich sean is òg a-steach don eaglais a h-uile oidhche den t-seachdain. Fad na h-ùine shearmonaich Mgr. Màrtainn trì uairean air Latha na Sàbaid agus a h-uile oidhche sheachdaineach, ach oidhche Shathairne, a' saothreachadh mar threun-fhear gu buadhach airson rìoghachd a Mhaighistir agus airson slàinte anaman."

ADHBHAR GAIRE

Bhiodh an t-Urr. Iain MacLeòid a bha anns an Oban ag innse rud-eigin a thachair nuair a thill e à Canada. Aon latha ann an Steòrnabhagh choinnich e ri seann duine a bha eòlach air 'na òige. Bha iad greis a' còmhradh agus nuair a bha iad a' dealachadh thubhairt a sheann charaid, "Bha fios agam gun dèanadh tusa gu math. Ach dè idir a thachair dod bhr'athair, Iain". Fhreagair esan, "Is mise mo bhràthair, Iain."

Urnaigh

A Dhè uile-chumhachdaich,
tha sinn a' toirt taing dhut
airson teachdaireachd an dòchais
ann am bàs agus aiseirigh losa Crìosd.
Tha sinn gad mholadh
airson dòchas a' mhathanais
a chionn gun d'fhuair losa bàs air ar son,
am Fìrean an àite nan neo-fhìrean.
Cliù dhut airson
dòchas na beatha maireannaich
anns a' Chrìosd a dh'èirich
le buaidh o na mairbh.
Amen

An dealbh air an aghaidh:
Seo Taigh na Creige ann an Diùra,
mar a bha sràid a' bhaile
iomadh bliadhna air ais.
Tha sin faisg air eaglais an eilein,
far a bheil daoine air a bhith
ag adhradh on naodhamh linn deug.
Chleachd ministear a bhith suidhichte ann an Diùra,
ach an-diugh tha ministear à Ile
a' frithealadh na sgìre.